



# PASGAN-IARRTAIS AIRSON DREUCHD A' CHEANNAIRD

---

**An Cèitean 2023**

Iarrtas ro: 10m Diluain 19mh Ògmhios 2023

Agallamhan: 28/29mh Ògmhios 2023 ann an  
Glaschu

## Ro-ràdh

Tapadh leibh airson ùidh a nochdadh ann an dreuchd a' Cheannaird aig Bòrd na Gàidhlig.

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a steidheachadh ann an 2005, agus tha sgioba-obrach fiosrach is èasgaidh aige agus fon ùghdarras a chaidh a bhuileachadh air, bidh e ag obair le coimhearsnachdan, le foghlam, agus ann am com-pàirt ri buidhnean poblach eile agus ann an dàimh ri Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba.

Rinneadh tòrr adhartas leis a' Ghàidhlig sna beagan bhliadhaichean mu dheireadh, agus tha tòrr ann ri dhèanamh fhathast. Tha iomadh structar, buidheann agus iomairt chudromach ann agus tha e cudromach gun obraich iad gu h-èifeachdach gus taic a chumail ri coimhearsnachd a' chànain, gus a neartachadh agus gus an àireamh de dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh agus a' cleachdadh a' chànain àrdachadh.

Tha amasan soilleir, adhartach aig Ministearan na h-Alba airson na Gàidhlig ann an Alba, agus tha amasan a cheart cho àrd aig coimhearsnachd na Gàidhlig fhèin a thaobh na tha iad a' sùileachadh airson a' chànain. 'S e àm cudromach a tha seo do Bhòrd na Gàidhlig, leis an ath Phlana Nàiseanta Gàidhlig gu bhith air foillseachadh, gealltanais Riaghaltas na h-Alba agus Bile Cànanan na h-Alba a thoirt a-steach a bharrachd air Ath-leasachadh Foghlaim, agus builean Cunntas-sluaigh 2022 air fàire. Ann a bhith a' coileanadh a dhleasanais, cuiridh am Bòrd cuideam gu sònraichte air grunn raointean, a' gabhail a-steach: cleachdadh coimhearsnachd, foghlam ro-sgoile agus reachdail, ionnsachadh inbheach agus cleachdadh na Gàidhlig san eaconamaidh.

'S ann aig an àm seo a tha am Bòrd a' feuchainn ri Ceannard ùr fhastadh. Is e dreuchd dhùbhlanach a th' ann, dreuchd a bheir toileachas mòr dhan neach a gheibh an obair.

## Cò sinne agus dè bhios sinn a' dèanamh

### Cò sinne

'S e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann phoblach le uallach gus planadh a dhèanamh airson agus stiùireadh a thoirt dhan iomairt gus a' Ghàidhlig agus a cultar a thoirt air adhart ann an Alba às leth Riaghaltas na h-Alba.

### Ar n-àrd-amas

Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh na h-Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan priseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

## Na tha sinn a' dèanamh

### Stiùireadh

- Bidh sinn a' cruthachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' dèanamh lèirmheas air a libhrigeadh
- Bidh sinn a' toirt stiùireadh is comhairle do chàch a thaobh iomairtean Gàidhlig
- Bidh sinn a' cur Gàidhlig agus a cultar air adhart gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta

### Comhairle

- Bidh sinn a' toirt comhairle do Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba air cùisean Gàidhlig
- Bidh sinn a' foillseachadh stiùireadh reachdail gus foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart

### Taic

- Bidh sinn a' toirt fa-near do is a' frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan
- Bidh sinn a' toirt taic do bhuidhnean poblach gus na Planaichean Gàidhlig aca ullachadh is a chur an gnìomh
- Bidh sinn a' toirt seachad maoinachadh gus Gàidhlig a thoirt air adhart.

Gheibh sibh tòrr a bharrachd fhiosrachaidh air an obair againn air ar làraich-lìn [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot), san aithisg bhliadhnail mu dheireadh againn [Aithisg Bhliadhnail 21/22](#) agus aithisg sgrùdaidh bliadhnail mu dheireadh [Aithisg Sgrùdaidh 21/22](#).

## A' Bhuidheann

Tha trì oifisean aige – Inbhir Nis, Steòrnabhaigh is Glaschu le buill den sgioba-stiùiridh stèidhichte anns gach àite. Tha 25 luchd-obrach ann uile gu lèir is 6 buill neo-dhreuchdail air a' Bhòrd-stiùiridh, a' gabhail a-steach a' Chathraiche. 'S e buidseat na buidhne airson 23/24 £5.524m, agus faodar suas ri £1.609m a chosg mu choinneamh chosgaisean ruith.

Thèid coinneamhan den Bhòrd-stiùiridh is na Comataidhean a chumail gu poblach leis na pàipearan air fhoillseachadh air ar làrach-lìn. Bidh a' bhuidheann ag obair a rèir [Sgrìobhainn Bun-fhrèama leis an Riaghaltas](#), [Scottish Public Finance Manual](#) is riaghailtean is poileasaidhean eile a tha a' stiùireadh obair aig buidhnean poblach ann an Alba.

## Ar Luachan

'S e luachan na buidhne Atharrachadh, Conaltradh, Earbsa, Spèis is Taic. Bidh iad a' stiùireadh nan dòighean-obrach againn taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne.

## An tagraiche soirbheachail

Tha sinn a’ sireadh neach dàna is làn spionnaidh aig a bheil ùidh anns a’ Ghàidhlig agus a cultar ann an Alba agus cuideigin as urrainn an stòras nàiseanta seo a thoirt air adhart. Is dòcha gu bheil sibh a’ tighinn bho àrainneachd eile san roinn phoblaich no san treas roinn le fòcas nàiseanta.

Gu sònraichte, bidh sibh comasach air dearbhadh gu bheil na feartan a leanas agaibh:

- Smaoineachadh ro-innleachdail farsaing agus lèirsinneach agus sgilean ceannais air leth gus buaidh a thoirt agus gus co-rèiteachadh a dh’ionnsaigh lèirsinn Bhòrd na Gàidhlig.
- Comas air atharrachadh a stiùireadh sa bhuidhinn agaibh, a bhith a’ libhrigeadh ann an dòigh gus barrachd buaidh a chruthachadh, a bhith a’ cur ri seasmhachd na buidhne agus ri leasachadh leantainneach.
- A’ toirt buaidh aig ìre nàiseanta le goireasan cuibhrichte
- Sàr-mhathas ann an riaghladh, riaghladh ionmhais, gèilleadh, agus a bhith a’ cothromachadh chunnartan is chothroman dhan bhuidhinn.
- Obair com-pàirteachais èifeachdach agus stiùireadh luchd-ùidh fìor mhath, ag obair còmhla ri àrd-stiùirichean taobh a-staigh an riaghaltais, agus roinnean poblach is coimhearsnachd.
- Sgilean agus eòlas a fhuair sibh bho bhith ag obair aig àrd ìre stiùiridh.

Is e dreuchd air feadh na h-Alba a tha seo a tha làn-ùine agus maireannach le tuarastal timcheall air £77k sa bhliadhna. Faodaidh an dreuchd a bhith stèidhichte ann an gin de na trì oifisean, le obrachadh measgte. Bidh aig an tagraiche soirbheachail ri siubhal gu cunbhalach air feadh na h-Alba agus mar sin feumar cead dràibhidh na RA a bhith agaibh.

## Tuairisgeul obrach

Bidh an neach-dreuchd cunntachail dhan Bhòrd-stiùiridh. Tha am Bòrd-stiùiridh a’ toirt stiùireadh ro-innleachdail agus ceannardas dhan bhuidhinn gus a dhèanamh comasach dha dleastanasan reachdail a chur an gnìomh agus a amasan is a chinn-uidhe airson na Gàidhlig a choileanadh.

’S e an Ceannard an t-Oifigear Cunntachail agus nì sibh cinnteach gun tèid cumail ri Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba. Tha e an urra ribh dèanamh cinnteach gu bheil airgead BnG air a chleachdadh gu faiceallach agus gu h-iomchaidh, agus gu bheil maoinachadh air a chleachdadh gu h-eaconamach agus gu h-èifeachdach. Tha sibh cunntachail dhan Phàrlamaid a thaobh mar a choileanas sibh na dleastanasan agaibh agus airson a bhith a’ cumail ri stiùireadh Ministreil iomchaidh sam bith.

Mar Cheannard, nì sibh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean agus poileasaidhean air an cur an gnìomh gu math agus gu h-èifeachdach le bhith a’ stiùireadh an sgioba-stiùiridh, a’ stiùireadh an luchd-obrach agus tro bhith a’ brosnachadh obair BnG le buidhnean eile. Anns an dreuchd sin, tha e

cudromach dàimhean a thogail le buidhnean eile, buidhnean poblach agus sa choimhearsnachd, a bharrachd air roinnean riaghaltais eile.

## Prìomh Amasan

- Bidh sibh Cunntachail dhan Bhòrd-stiùiridh, agus bidh sibh a’ stiùireadh obair na buidhne, a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ coileanadh amasan is cinn-uidhe ro-innleachdail na buidhne.
- Bidh sibh cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba agus Ministearan na h-Alba mar Oifigear Cunntachail Bhòrd na Gàidhlig.
- Bidh sibh ag obair ann an com-pàirteachas, a’ tòiseachadh agus a’ stèidheachadh mhodhan-obrach ùr-ghnàthach a thaobh com-pàirteachasan, agus bidh sibh nur dheagh eisimpleir a thaobh co-chomhairleachadh agus co-obrachadh sàr-mhath le prìomh luchd-ùidh
- Bidh sibh a’ stiùireadh agus a’ riochdachadh Bhòrd na Gàidhlig gus obair na buidhne adhartachadh, an dà chuid air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh, daonnan ag obair gus amasan fad-ùine Bhòrd na Gàidhlig a chur an gnìomh agus gus cur ri cliù na buidhne.
- Bidh sibh a’ stiùireadh cruthachadh, cumail sùil air agus ath-sgrùdadh ro-innleachdan agus phlanaichean, tro stiùireadh èifeachdach air gnìomhan agus goireasan Bhòrd na Gàidhlig.
- Bidh sibh cunntachail dhan Bhòrd airson riaghladh corporra agus airson dèanamh cinnteach gu bheil a’ bhuidheann a’ coileanadh gach dleastanas is uallach reachdail agus san roinn phoblaich.
- Bidh sibh a’ dèanamh cinnteach gun cruthaich a’ bhuidheann Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus gum bi i a’ cumail sùil air a bhuileachadh.

## Na tha a dhìth anns an dreuchd seo

Tha ceithir prìomh sgilean a dhìth airson na dreuchd seo. Nithear measadh orra seo aig an agallamh. A bharrachd air sin, nuair a bhios sinn a’ measadh an tagraidh agaibh, bheir sinn aire shònraichte do na sgilean agus dhan eòlas riatanach a tha air am mìneachadh gu h-ìosal. Feumaidh sibh dearbhadh gu bheil gach sgil riatanach agaibh gus agallamh fhaighinn.

- Bithear an dùil gun stiùirich sibh a’ bhuidheann agus gun toir sibh seachad stiùireadh ro-innleachdail gus an urrainn dhi na h-amasan aice a choileanadh.
- Bidh sibh nur phrìomh neach-labhairt dhan bhuidhinn agus bidh uallach oibrh airson a brosnachadh do phrìomh luchd-ùidh.
- Comharraichidh sibh agus bheir sibh aghaidh air ceistean agus cothroman sam bith dhan bhuidhinn.
- Obraichidh sibh gu dlùth leis an Sgioba-stiùiridh gus amasan gearr-ùine is fad-ùine a shuidheachadh.

## Sgilean is eòlas riatanach

- Eachdraidh làidir dhearbhte de cheannardais aig àrd-ìre agus air libhrigeadh ro-innleachdan gu h-èifeachdach tro bhith a’ stiùireadh, a’ brosnachadh agus a’ stiùireadh sgiobaidhean.
- Comas dearbhte air dòighean a lorg gus fuasgladh a lorg do chùisean iom-fhillte agus suidheachaidhean far a bheil diofar bheachdan aig daoine.
- Eòlas roimhe mar Cheannard no eòlas farsaing mar Àrd-mhanaidsear.
- Neach-conaltraidh sàr-mhath agus ealanta ann an Gàidhlig agus Beurla le sgilean eadar-phearsanta làidir, as urrainn sealladh soilleir a chur an cèill a chumas taic ri gnìomhachd.
- Comasach air dàimhean a thogail agus a chumail suas le com-pàirtichean, àrd-mhanaidsearan, luchd-ùidh bhon taobh a-muigh agus a-staigh.
- Eòlas cudromach air leasachadh na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig, eòlas air an reachdas co-cheangailte ris agus air poileasaidhean planadh mion-chànain.
- Comas dèanamh cinnteach gun tèid Planaichean Gnìomh Corporra is Bliadhnail a chruthachadh agus a chur an gnìomh.
- Comas a bhith ag atharrachadh agus a bhith a’ cur beachdan agus spionnadh ri leasachadh leantainneach.
- Sgileil ann an obair com-pàirteachais gus dèanamh cinnteach gu bheil pròiseactan agus builean air an libhrigeadh.
- Eòlas air a bhith a’ stiùireadh atharrachadh.
- A’ brosnachadh co-obrachadh agus comasach air dèiligeadh gu cruthachail ri dùbhlain dhoirbh.
- Feumaidh ceum no teisteanas proifeiseanta co-ionann a bhith aig tagraichean.

## Agallamh

Bidh agallamhan a’ tachairt ann an Glaschu air an 28/29mh Ògmhios 2023. Mar phàirt den agallamh, thèid iarraidh oirbh taisbeanadh a dhèanamh air cuspair a thèid innse dhuibh san litir cuiridh. Bidh fiosrachadh anns an litir cuideachd mu cò a bhios air a’ phannal agallaimh.

## Tuarastal agus Teirmichean is Cumhaichean

Is iad seo prìomh eileamaidean a' phasgain pàighidh:

1. Tha an tuarastal bunaiteach eadar £77,021 agus £85,526.
2. Sgeama peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd: tha am Bòrd na bhall de Mhaoin Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd. Bidh am fastaiche a' cur 19% ris.
3. Bith 30 là de làithean-saora bliadhnail ann a bharrachd air 7 làithean-saora poblach.

Faodar cosgaisean imrich a phàigheadh, ma bhios seo iomchaidh, a rèir poileasaidh a' Bhùird.

## An ath cheum

Thathar an dùil cumail ris a' chlàr-ama a leanas, ach tha sinn ag iarraidh an neach as fheàrr fhadthad airson na dreuchd seo, mar sin dh'fhaodadh gun gabh cinn-latha atharrachadh gus freagairt air tagraichean:

1. Feumar iarrtasan a bhith a-steach gu [corporra@gaidhlig.scot](mailto:corporra@gaidhlig.scot) ro 10m Diluain 19mh Ògmhios 2023.
2. Thèid agallamh a chumail le pannal air an 28/29mh Ògmhios 2023.
3. Feumaidh am pannal aonta fhaighinn bho Mhinistearan na h-Alba a thaobh cò gheibh an dreuchd, agus thèid co-dhùnadh a dhèanamh cho luath 's as urrainn às dèidh nan agallamhan.

Ma tha sibh ag iarraidh bruidhinn mun dreuchd air leth seo ann am barrachd doimhneachd agus gu dìomhair, cuir fios dhan Cheannard làithreach, Shona NicIllinnein aig [shona@gaidhlig.scot](mailto:shona@gaidhlig.scot).

## Fiosrachadh a tha sinn ag iarraidh bhuaibh

1. Am foirm-iarrtais agus am foirm-sgrùdaidh co-ionannachd chothroman air an lìonadh;
2. Fiosrachadh còmhla ris an iarrtais agaibh, a mhìneachas mar a tha na sgilean agus an t-eòlas agaibh a' freagairt gu sònraichte air prìomh dhleastanasan is tuairisgeul na dreuchd;
3. Dearbhadh gur urrainn dhuibh tighinn gu agallamh san seachdain a chaidh ainmeachadh gu h-àrd; no mur a bhi sin comasach, cinn-latha eile air an urrainn dhuibh tighinn gu agallamh;
4. An cunntas-beatha as ùire agaibh.